

## Litreachas is bàrdachd agus an Leum gu Sgrìobhadh Cruthachail (Àrd-sgoil)

### Amasan:

- Toirt sùil air na diofar dhòighean gus dèiligeadh ri bàrdachd agus litreachas le sgoilearan àrd-sgoile aig diofar ìrean, a chleachdadh cuid de na stuthan on leabhar bàrdachd 'Smeòrach Mi'
- Toirt sùil air dòighean gus sgilean nan sgoilearan a thoirt air adhart a thaobh a bhith a' sgrìobhadh mu litreachas
- Sealltainn agus mìneachadh diofar dhòighean air sgrìobhadh cruthachail sgoilearan àrd-sgoile a thoirt air adhart

### Luchd-libhrigidh:

**Raghnaid Sandilands**  
**Aonghas Dubh MacNeacail**

### Aithisg:

Thòisich gach seisean le Aonghas Dubh ag iarraidh air gach neach pìos beag a' sgrìobhadh mu dad sam bith a thogradh iad airson còig mìonaidean agus thànaig e air ais thuige ann an ceann uair a thide, às dèidh do Raghnaid Sandilands bruidhinn mu bhàrdachd agus 'Smeòrach Mi'.

Thug Raghnaid seachad pàipearan a bha i air ullachadh a' sealltainn dhòighean a b' urrainnear cleachdadh airson a bhith a' dèiligeadh ri diofar phiosan bàrdachd agus thug i seachad fiosrachadh mu 'làrach nam bàrd' aig BhBC.

Chleachd i mar eisimpleir 'An t-Eilean na bhaile' le Maoileas Caimbeul agus 'Bho: A' Dràibheadh ann an Amerieaga' (à 'Smeòrach Mi') le Julian Ronay 'thug i sùil air na leanas:

- stiùireadh air sgrìobhadh aiste mu bhàrdachd
- nòtaichean 'càite an tòisich mi'
- nòtaichean tidsear agus nòtaichean sgoilear air 'An t-Eilean na bhaile'
- nòtaichean airson dèiligeadh ri 'A' Dràibheadh ann an Amerieaga' le Julian Ronay
- liosta de chànan a ghabhas cleachdadh ann a bhith a' teagasg bàrdachd
- eisimpleir de cheist aiste airson S5 Àrd ìre – Litreachas
- pìos bàrdachd Beurla 'I love L.A' le Randy Newman: co-theacsa airson 'Bho: a' Dràibheadh'
- liosta de phiosan bàrdachd fo na cuspairean aca, me:



#### Dealbhan - Daoine nan àrainneachd

'Nuair a bha mi òg'  
'Dha Fionnlagh MacDhòmhnaill à Hiort'  
'An t-Eilean na Bhaile'  
'Mu Chrìochan Hòil'  
'Clann-nighean an Sgadain'

#### Anacheartas

'Ban Ghàidheal'  
'Coimhead iad'  
'Ròidean Rwanda'  
'Dubh'

Airson tidsearan agus sgoilearan a mhisneachadh, thug Raghnaid iomradh air piosan ann an 'Smeòrach Mi' a tha furasta leughadh, mar a leanas:

'Bho: A' draibheadh ann an Ameireaga'  
'a' Ghàidhealtachd'  
'Coimhead iad'  
'Amelie'  
'An Roghainn'  
'a' Togail Dhealbh'  
'Cànan nan àitichean àrda'  
'Ceann Loch an Dala'  
'Connadh'  
'Dia'



‘Gleann mo Sheanair’  
‘Mur a b’è’  
‘Nota bho bhomair fèin-mharbhtach’  
‘Sgriobag’  
‘Sgàthan’  
‘Partaidh’

Chuir Aonghas Dubh ris a’ chòmhradh mar neach a tha a’ sgrìobhadh bàrdachd. Thuir e gur e a’ chomhairle a thathar a’ toirt do bhàird ùra leigeal le na h-ainmearan agus na gnìomharan an còmhradh a dhèanamh agus seachain na buadhairean agus na co-ghnìomhairean!

Mhol Raonaid gum bu chòir do Stòrlann, ‘Sgeulachd na Gàidhlig’ a chur a-mach gu tidsearan oir cha robh iad air dad a chluinntinn mu dheidhinn.

Chaidh mìneachadh a thoirt seachad air amasan ‘An Seotal’ leis an Oifigeir Pròiseict, Criosaidh NicRath. Thuir Criosaidh gum biodh briathrachas teigneach airson a bhith a’ dèiligeach ri litreachas air an làraich ann an ùine gun a bhith fada.

Fhuair an luchd compàirt cothrom cur ris a’ chòmhradh iad fhèin le bhith ag obair air pìos bàrdachd le Julian Roney (‘Bho: A’ Dràibheadh ann an Amerieaga’) agus a’ beachdachadh air dòighean anns an dèiligeadh iad ris.

Thòisich Aonghas Dubh le bhith ag ràdh cho cudromach is a tha e gum bi clann a’ leughadh agus gun cuidich sin iad le bhith a’ sgrìobhadh. Thuir cuideachd gu bheil e cudromach a bhith mothachail air na tha a’ tachairt timcheall ort fhèin agus cuimhneachadh air rudan, me dìleab shinnsearan a thaobh stòiridhean is aithris eile. ‘Tòisich leis an tachais agus an uairsin bheir air adhart e’ – smaoinich mu na th’ agad ri ràdh. Sgrìobh a’ chiad dreachd eadar gu bheil e ceart no nach eil agus gabhaidh a leasachadh a-rithist. Sheall e pasgan den stuth aige fhèin agus a liuthad dreachd a bhios e a’ dèanamh mus bi e deiseil de phios bàrdachd (bha 7 dreachdan ann airson aon phios). Dh’innis e gum bi e a’ sgrìobhadh air a’ choimpiutair mas e rosg air a bheil e ag obair ach le peann is pàipear mas ann air bàrdachd.

Mhol Aonghas dà leth a dhèanamh de phios pàipeir: sgrìobh air aon leth agus sgrìobh do bheachd air an sgrìobhadh air an leth eile. Nuair a tha thu a’ ruighinn na treas dreachd bu chòir dhut a bhith a’ sgrìobhadh a dh’ionnsaigh soilleireachd. Rinn e moladh gum faodadh daoine seòrsa de mhapa de dh’fhacail a chruthachadh mu dheidhinn co às a tha iad, far a bheil iad a’ fuireach, msaa, mar thoiseach-tòiseachaidh ma tha iad a’ faotainn sin doirbh. Mhol Aonghas dreachdan a chumail gun fhios nach tèid thu air ais gu rud a rinn thu roimhe! Sheall e aon de na pìosan aige fhèin far an robh a’ chiad loidhne a bh’ aige anns a’ choigeamh sreath mus do chrìochnaich e. Thuir e gun eagal a bhith ort rudan diofaraichte fheuchainn. Thuir cuideigin ris turas, ‘modern poetry is just chopped up prose’ ach thuir esan ‘but chopped up prose can be poetry’. Thug e luaidh air bàrd Frangach, Phil Valery a thuir, ‘a poem is never finished, merely abandoned’.

Chaidh ùine a chur seachad an uair sin a’ coimhead air na pìosan a sgrìobh an luchd compàirt aig an toiseach agus chaidh molaidhean a thoirt dhaibh le Aonghas air dòighean gun an toirt air adhart.

Thuir Aonghas gur e tiotal an rud mu dheireadh a thaghas sgrìobhadair oir tha tiotalan a’ cuingeachadh pìos sgrìobhaidh.

Aig deireadh gach seisean chaidh faighneachd don luchd compàirt dè an seòrsa stuth co-cheangailte ris a’ chuspair seo a bha a dhith orra agus chaidh na leanas iarraidh:

- Fiosrachadh mu dheidhinn sgrìobhadh cruthachail mar a thug Aonghas Dubh seachad
- Rudeigin mar ‘Tips for Creative Writing’
- Tuilleadh stuthan mar a thug Raonaid seachad agus mar a chaidh a dhèanamh le ‘Seadh’ ach nas mionaidiche
- Taic agus stiùireadh air bàrdachd agus litreachas – bha tidsearan a’ faireachdain nach robh dad ann ris am b’ urrainn dhaibh coimhead agus bha e air fhàgail aca dìreach am beachdan fhèin a thoirt seachad do sgoilearan. Bha grunn a’ faireachdain neo-mhisneachail agus air sgàth sin bha iad a’ dol air ais, a-rithist agus a-rithist chun na h-aon seann stuthan.
- Pasgan tidseir le co-theacsa do bhàrdachd agus air rosg – tha iad rim faotainn airson Beurla mar chuspair ach chan eil airson Gàidhlig
- Leabhran beag le pìosan bàrdachd nas ùire (mhìnich Raonaid gun robh grunn phiosan ùra ann an Smeòrach Mi)

### Stuthan:

**Bàrdachd: cà’ n tòisich mi?** (ann an riochd .pdf)

**A’ sgrìobhadh aiste mu bhàrdachd** (ann an riochd .pdf)

**Cànan airson teagasg litreachais** (ann an riochd .pdf)

**Ceist airson aiste mu An t-Eilean na Bhaile** (ann an riochd .pdf)

**Notaichean air An t-Eilean na Bhaile** (ann an riochd .pdf)

**Notaichean air Bho: A’ Dràibheadh ann an Aimearagaidh** (ann an riochd .pdf)

**Teamaichean ann an Smeòrach Mi** (ann an riochd .pdf)

**Co-theacsa I Love LA** (ann an riochd .pdf)